COINNEAMH NA PANAIL
Dimàirt 28mh Samhain 2023 aig 2f air Zoom

GEÀRR-CHUNNTAS

MEG-202223-2-01 An làthair
Magaidh Nic a' Ghobhainn (MN), Sarah NicEachearn (SN), Brian Ó hEadhra (BoH) [Bòrd na Gàidhlig] agus Art MacCarmaig (AM) [Fèisean nan Gàidheal].

MEG-202223-2-02 Leisgeulan
Bha leisgeulan ann bho Iain Mac a' Ghobhainn (IM) agus Anna NicGuaire (AN) [Alba Chruthachail].

MEG-202223-2-03 Geàrr-chunntas na coinneimh roimhe
Ghabh na bha an làthair ris a' gheàrr-chunntas air coinneamh a chaidh a chumail air 13mh Ògmhios 2023.

MEG-202223-2-04 A' nochdadh com-pàirt
Air thoiseach air a' choinneimh bha aig buill na panail ri dhearbhadh an robh com-pàirt aca ann an iarrtas sam bith. Ann an suidheachadh far an do nochd ball com-pàirt, tha sin comharraichte gu h-ìosal agus cha do ghabh an neach ainmichte gnothach ris a' cho-dhùnadh mun iarrtas.

MEG-202223-2-05 Aonta ri tabhartasan
Bha 47 iarrtasan ann a' sireadh taic de £233k mu choinneamh phròiseactan luach £392k uile gu lèir. Chaidh a dhearbhadh gur e £34,738 a bha air fhàgail airson a sgaoileadh.

An dèidh beachdachadh gu cùramach air na h-iarrtasan, cho math 's a fhreagair iad air prìomhachasan an stòrais agus na comharran a thug buill na panail dhaibh air thoiseach air a' choinneimh, chaidh aontachadh ris na tabhartasan a leanas:

Ainm an tagraiche	Gearr-chunntas air a' phròiseict	Buidseat slàn	Suim ga sireadh	Co-dhùnadh	Com-pàirt (√)
Eilidh Steel	Bùithtean-obrach poblach air òrain is fuinn san sgìre ionadail	£2,368.00	£1,288.00	£500.00	AC
Eden Court	Taic airson 6 oidhcheannan 'Club Ciùil' eile a chur air dòigh ann an Inbhir Nis	£11,190.00	£6,190.00	£6,190.00	BoH
Fèis Phàislig	Còisir Ghàidhlig Fèis Phàislig (aois 8-18) agus Seiseanan Fèis Bheag (aois 5-7)	£20,075.00	£10,804.00	£6,000.00	AC
Urras Thiriodh	Cuir air dòigh sreath sheisean ciùil	£7,160.00	£3,530.00	£2,500.00	

Fèis Fhoirt	A’ tabhann bùthan-obrach Gàidhlig is òrain an-asgaidh do chom-pàirtichean	£35,353.00	£2,592.00	£2,500.00	AC
Heebie Jeebies	Cruthaich companaidh theatar a bhios a’ sgrùdadh sgeulachdan do luchd-èisteachd òga	£2,258.00	£2,018.00	£800.00	
Kirsteen Grant	Lean air adhart leis na seiseanan ‘Seinn Comhla’	£693.00	£493.00	£493.00	
Lairg & District Learning Centre	Maoineachadh airson pròiseact 'Seinn'	£8,235.00	£5,715.00	£3,383.00	
Fèis Spè	Pròiseact cànain Gàidhlig stèidhichte air beanntan	£11,343.00	£3,758.00	£3,000.00	AC
Iain MacRath	Sgrìobhadh agus a' taisbeanadh comadaidh ùr Gàidhlig	£10,007.00	£5,920.00	£5,000.00	
Ionad Gàidhlig Dhùn Èideann	A’ comharrachadh 300 bliadhna bho rugadh am bàrd Donnchadh Bàn Mac an t-Saoir	£2,905.00	£1,880.00	£1,500.00	
Croileagan Siorrachd Air a Tuath	Tachartas agus cèilidh le bùithtean-obrach, ciùil is dannsa airson clann òga	£672.00	£420.00	£400.00	
Alasdair Satchel	Leudachadh air pròiseact bàrdachd agus foghlam film 'Air Bàrr na Teanga'	£8,293.00	£1,472.00	£1,472.00	
Acair	Leabhar le Calum Aonghas Macaoidh fhoillseachadh	£6,100.00	£2,000.00	£1,000.00	
		£126,652.00	**£48,080.00**	**£34,738.00**	

MEG-202223-2-06 Maoin nan Ealan Gàidhlig san àm ri teachd

Chaidh innse le Art MacCarmaig gun robh a’ tuigsinn gu bheil rùn aig Alba Chruthachail taic a chumail ri Maoin nan Ealan Gàidhlig a-rithist ann an 2024-25 ach gum biodh sin an urra ri buidseat na buidhne. Bidh aig Bòrd na Gàidhlig ri measadh a dhèanamh air cho math ‘s a dh’obraich com-pàirt dhaibhsan aon uair ‘s gu bheil iad air aithisg fhaotainn bho Fèisean nan Gàidheal.

MEG-202223-2-07 G I S B E

Thugadh taing do bhuill na panail airson an cuid taic leis na co-dhùnaidhean agus an obair ullachaidh ro làimh, a bha gu math trom an turas seo.

MEG-202223-2-08 Ceann-latha na h-ath choinneimh

Chaidh a dhearbhadh gum biodh an ath choinneimh stèidhichte aon uair ‘s gum faighear dearbhadh gum bi Maoin nan Ealan Gàidhlig ann a-rithist ann an 2024-25.